



Tha Caisteal Tolquhon na chaisteal taitneach cofhurtail, suidhichte air cùlag ghorm an Siorrachd Obar Dheathain. Tha tòrr den chaisteal 16mh linn seo air fhàgail, agus bheir turas sealladh brosnachail air beatha na h-Alba san 16mh is san 17mh linn.

A' RANNSACHADH CAISTEAL TOLQUHON

Fiosrachadh don Luchd-Teagaisg



A' RANNSACHADH LÀRAICHEAN EACHDRAIDHEIL



Loidhne-tìmh

1400an Togar an taigh-tùir tùsail: Tùr Preston

1420 Fearainn Tolquhon an sealbh nam Foirbeiseach

1547 Bàs 6mh Iarla Tolquhon aig Blàr Pioncaidh (Pinkie)

1584-9 Tòisichidh obair-togail ùr fo Uilleam Foirbeis, 7mh tighearna

1589 Tadhailidh Seumas VI Tolquhon

1589 Dealbhaidh Foirbeis tuama dha theaghlach ann an cladh Tharbhais

1596 Bàs Uilleim Fhoirbeis

1651 Sàbhalaiddh an 19mh Iarla beatha Theàrlaich II aig Blàr Worcester

Tois. 1700an Caillidh na Foirbeisich airgead ri linn turas Darien

1716 Reicear an oighreachd ach diùltaidh an 11mh tighearna an caisteal fhàgail

1718 Fuadaichear na Foirbeisich leis an arm

1800an Ceannaichear an caisteal le Iarla Obar Dheathain; cleachdte mar thaigh-tuathanais

1929 An caisteal fo chùram na stàite

Tha Caisteal Tolquhon na chaisteal taitneach cofhurtail, suidhichte air cùlag ghorm an Siorrachd Obar Dheathain. Tha tòrr den chaisteal 16mh linn seo air fhàgail, agus bheir turas sealladh brosnachail air beatha na h-Alba san 16mh is san 17mh linn.

Cùl-sgeul Eachdraidheil

Tòisichidh sgeul Caisteal Tolquhon an toiseach an 15mh linn. Nuair a chaochail an neach-seilbh, Sir Eanraidh Preston, gun sliochd fhear às a dhèidh, roinneadh am fearann eadar fir-chèile a dhithist nighean. Bha a nighean Marsailidh pòsta ri Sir Seon Foirbeis is fhuair iadsan sealbh Tolquhon, rud a thòisich 300 bliadhna de dh'Fhoirbeisich sa chaisteal.

Bha an caisteal san robh iad a' còmhnaidh glè dhiofraichte o na togalaichean grinn a chì sinn an-diugh. B' e an taigh-tùir, air an robh Tùr Preston, teis-meadhain na dachaigh, a chaidh a thogail airson an dàrna cuid Sir Seon air neo athair-cèile. Tha e fhathast an ìre mhath iomlan.

An dèidh caochladh ghinealach, ann an 1584 chuir 7mh Iarla Tolquhon, Uilleam Foirbeis, roimhe an t-ionad-còmhnaidh aige a leasachadh agus caisteal gu tur ùr a thogail. Leag e na togalaichean a-muigh mun cuairt Tùr Preston is thòisich e às ùr. Tha an caisteal ùr aige nas grinne na an t-seann taigh-tùir gruamach; fiù mar thobht tha e eireachdail. Chuir Foirbeis obair-shnaighte is obair-mhaiseachd ris a' chaisteal aige agus mun cuairt air bha gàrraidhean foirmeil agus pàirc-athais.

Tha e coltach gu robh Foirbeis na dhuine air an robh meas, agus a bha fuasgailte na bheachdan. Nuair nach robh e ri poilitigs brùideil Alba an 16mh linn, bhiodh e trang a' rèiteach chùisean ionadail. Mar thighearna fad 50 bliadhna cha mhòr, bha Foirbeis glè mhòr an sàs na dhleistanais ionadail, a' toirt maoin do dh'iomadh rud, nam measg ospadal don sgìre. Bha leabharlann mòr aige, agus chuir e galaraidh air dòigh far am faiceadh daoine dealbhan peantaichte agus far an dèanadh iad spòrs is caitheamh-tìde is eile. Gu duilich, cha d' fhuair e ach beagan bhliadhnaichean tlachdmhor na dhachaigh ùr - dachaigh san do chuir e fàilte air Seumas VI òg, mun do chaochail e ann an 1596. Chaidh a thiodhlacadh sa chladh ionadail an Tarbhais, ann an tuama a dhealbhadh e fhèin.

Cha d' rinn na tighearnan a lean e mòran gus cur ris a' chaisteal. Thàinig fiachaibh air an teaghlach an dèidh oidhirp mì-fhortanach coimhearsnachd Albannach a stèidheachadh ann an Darien, agus chuireadh an teaghlach a-mach às a' chaisteal fo èiginn an 1718. An dèidh sin chleachdadh e mar ionad-còmhnaidh luchd-obrach thuathanasan, 's chaidh e à feum mean air mhean.



Taic foghlaim agus teagaisg

Tha turas gu Caisteal Tolquhon gu h-àraid iomchaidh don luchd-teagaisg a tha ag obair air cuspairean sgoile mar:

- **Na Meadhan Aoisean**
- **Caistealan**

Tha an t-Curraicealam airson Sàr-mhathais ag amas air sgoilearan a bhrosnachadh agus dùbhlán a chur romhpa tro raon farsaing foghlaim. Tha ròl sònraichte aig turais gu làraichean ann a bhith a' ceangail buil an fhoghlaim thar a' churraicealam. Cuidichidh turas, agus cleachdadh stuth-taice, ann a bhith a' leasachadh:

luchd-ionnsachaidh soirbheachail le bhith a' cur dùbhlán ro sgoilearan smaoinichadh mu mar a dh'atharraich beatha dhaoine. Cuidichidh seo iad ann a bhith a' meòrachadh gu critigeach mu fhianais agus an co-dhùnadh fhèin a dhèanamh.

neachan misneachail. Ionnsachaidh sgoilearan mu ghnèithean de sheann-bheatha an coimhearsnachd, tuigidh iad atharrachaidhean sòisealta, cuiridh iad an luachan fhèin an cèill agus am beachd a thoirt seachad air diofar cheistean eachdraidheil is sòisealta.

daoine glìce ciallach. Cuidichidh e ann a bhith a' toirt barrachd tuigse do sgoilearan air rudan sòisealta is eachdraidheil, a' brosnachadh tuilleadh urrainn do na tha mun cuairt orra de dh'eachdraidh agus do dh'obair-togail an latha fhèin.

daoine a bheir seachad fios gu h-èifeachdach le bhith a' leudachadh eòlas is tuigse sgoilearan tro smaoinichadh rannsachail, cruthachail agus critigeach.

Ron turas

- Cuidich sgoilearan tuigse nas fheàrr fhaighinn air an sgèile-tìm le bhith a' dèanamh loidhne-tìm leotha, a' cunntadh air ais 's gach linn is a' comharrachadh prìomh thachartasan ann an eachdraidh a' chaisteil. Ghabhadh cur ri seo an dèidh an turais.
- Tog deasbad mu òrdugh beatha caisteil. Dh'fhaodadh sgoilearan ròl nan urrachan mòra seo a rannsachadh: stiùbhard, maor-sìth/neach-glèidhidh, marasgal.
- Tog deasbad le sgoilearan mu na gnìomhan fa leth a rachadh air adhart ann an caisteal. Dh'fhaodadh iad rannsachadh a dhèanamh air cuspairean diofraichte (m.e. biadh, siubhal, fèistean, buill-airm) gus an ullachadh don turas.
- Tha e feumail ma bhios briathrachas a bhuineas ri ailtireachd caisteil aig sgoilearan oir nì seo deasbad air làraich nas fhasa. 'S dòcha gum bi faclan mar seo feumail: lios, seòmar, sgiath, suaicheantas, slighe- bhogha, lùb gunna, staidhre shnìomhanach, caisealachd, taigh-grùdaidh, prìosan, sail, taigh-chalman, taigh-sheillean. Dh'fhaodadh sgoilearan faclair sgoile le dealbhan a chur ri chèile gus na h-ainmean seo a mhìneachadh.
- Tha e doirbh do chuid de phàistean tuigsinn nach robh a-riamh ann an caisteal ach tobht. Tog deasbad mu mar a dh'atharraicheas togalaichean le aois - bheil an aon choltas air an taigh sa bheil iad fhèin 's a bha air beagan bhliadhnaichean air ais? An d' rinn an teaghlach atharrachadh? Carson? Dèan deasbad mu mar a bheir gaoth is sìde buaidh air coltas togalaich cho math ris an iomadh atharrachadh a nì daoine air togalaichean a dh'aona ghnòthach.

Obair air an làraich

Agus iad a' rannsachadh a' chaisteil bu chòir sgoilearan a bhrosnachadh sùil chritigeach a thoirt air na chì iad agus teòraidhean a chur ri chèile 's fheuchainn, stèidhichte air fianais chruaidh. Seo puingeagan-tòisichidh feumail:

- An dùil carson a thogadh an caisteal an seo? Dè an dìon nàdarraich aige?
- Dè an stuth a chleachdadh gus an caisteal a thogail?
- Dè fianais a tha ann air beatha làitheil?
- Ciamar a dh'atharraich an caisteal thar nam bliadhnaichean?

Faodaidh sgoilearan fianais a chlàradh le bhith:

- a' sgrìobhadh nòtaichean.
- a' breacadh dhealbhan.
- a' gabhail dealbhan-camara.
- a' clàradh rudan air teip.

Air làrach-lìn Alba Aosmhor, www.historic-scotland.gov.uk/education_unit gheibh luchd-teagaisg goireasan a bharrachd mar thaic air obair air làraich. Nam measg seo tha a bhith a' cur ri chèile *Clàr Fianaise* agus *Clàr Mo Bheachdan Fhèin*.

Molaidhean-obrach an dèidh an turais

An dèidh an turais faodaidh sgoilearan na fhuair iad a-mach a chur còmhla gus clàr nas coileanta a dhèanamh air a' chaisteal agus air beatha nan daoine a dh'fhuirich is a dh'obair ann. Dh'fhaodadh seo a bhith mar bhunait do raon ghnìomhan-taisbeanadh, leithid:

- Leabhar-treòir neo bileag do luchd-tadhail eile
- Taisbeanadh shleamhnagan le aithris mun turas aca
- Sgrìobhadh macmeanmail stèidhichte air beatha nan daoine a bha a' còmhnaidh sa chaisteal.
- Sreath de dhràma-an a' sealltainn sealladh goirid de bheatha sa chaisteal tro na linntean.



Air lorg nam Foirbeiseach

Tha tòrr ri rannsachadh san togalach iongantach dheagh-ghlèidhte seo. Tha an t-slighe-turais a mholas sinn a' dìreadh air beatha làitheil sa chaisteal ri linn nam Foirbeiseach (1420-1700). Tha ochd prìomh àite ann. Cha leigear a leas na h-àiteachan seo fhaicinn ann an òrdugh sam bith.

Tha cùl-fhiosrachadh ga thoirt seachad sa phasgan do gach àite. Tha e sgrìobhte ann an cànan simplidh chor is gun leughar a-mach do sgoilearan e mas math leat.

Cuideachd thathar a' moladh **ceistean-deasbaid**.


O chionn 's gu bheil an caisteal air a ghlèidheadh cho math, tha e feumail a thaobh **cluich-ròl**, gu h-àraid airson sgoilearan nas òige.

Bhiodh e na b' fheàrr do chlas a roinn am buidhean 8-10.


Tha molaidhean a thaobh cluich-ròl san earrann **Leigeamaid Oirnn** airson gach àite, sgrìobhte ann an **clò dearg**. 'S e aon dòigh air a leithid seo a stiùireadh ach na ròlan a thoirt seachad, beagan tìde a chaitheamh a' cleachdadh, is an uairsin air dhut comharra a dhèanamh tòisichear air fad mionaid no dhà, agus an dèan thu comharradh sguir.

Plana Caisteal Tolquhon

Làr ìseal



Ciad làr



- | | |
|----------------------------------|---------------------------------------|
| 1. Taobh a-muigh an Taigh-Gheata | 5. An Talla |
| 2. An Lios a-Staigh | 6. An t-Seòmar |
| 3. An Cidsin | 7. Seòmar an Stiùbhaird is Am Prìosan |
| 4. An Galaraidh | 8. A' Phàirc-athais (Pleasance) |



Geata a-staigh



Sgrìobhadh



Ìomhaigh geata de Thighearna Tolquhon



Ìomhaigh geata de Bhantighearna Tolquhon

Nòtaichean turais: air lorg nam Foirbeiseach

Taobh a-muigh Caisteal Tolquhon

Gabh tron gheata a-muigh is coisich suas an rathad gus an seas thu am beulaibh prìomh thaigh-geata a' chaisteil.

An ciad shealladh. Faodar seo a leughadh gu sgoilearan.

Rachamaid air ais còrr is 400 bliadhna gu 1590. Smaoinichemaid gur sinne luchd-tadhail o chaisteal faisg air làimh. Tha ar càirdean, Uilleam Foirbeis is a bhean Ealasaid, a' fuireach an seo agus tha iad air cuireadh a thoirt dhuinn tighinn a dh'fhaicinn an caisteil ùir. Tha iad dìreach an dèidh crìoch a chur air an obair-thogail 's tha sinne air bhioran ach am faic sinn cò ris a tha e coltach.

Suidheachadh 1: Taobh a-muigh an Taigh-Gheata

Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.

- Seo taigh-geata a' chaisteil. **Am faic thu suaicheantas nam Foirbeiseach os cionn an dorais?** Os cionn sin tha suaicheantas rioghail Rìgh Seumas VI. B' esan ceannaire nam Foirbeiseach.
- Air taobh deas an taigh-gheata chì thu clach a tha snaighte sa bhalla. Sgrìobhte oirre tha an latha a chaidh an caisteal ùr a chrìochnachadh. **Am faic thu an àiteigin e?** (20 Dàmhair 1589).

Spreagadh an Luchd-Teagaisg

A bharrachd air an suaicheantas, tha rudan eile a dh'innseas dhut mu na daoine a tha a' fuireach an seo. An lorg thu iad?

Tha pàirt den chaisteal tòrr nas aosta na an còrr. An toir thu sùil air a' bhalla aghaidh ach an lorg thu am pàirt is aosta?

Mar bu trice bha an caisteal seo na àite càirdeil do luchd-tadhail, ach ma thachair nach ann mar seo a bha, bha dìon aig Uilleam Foirbeis.

Am faic thu na tuill às an loisgeadh na geàrdan gunnaichean? Cia mhead a lorgas tu?

Dè an dìon eile a bh' aig a' chaisteal?

Freagaritean a tha a dhith

Ìomhaighean snaighte dhaoine, Uilleam Foirbeis is a bhean Ealasaid is dòcha, air na tùir air gach taobh den t-suaicheantas.

'S e Tùr Preston - an 'Auld Tour' - an tùr àrd air taobh clì a' gheata.

Sreathan de 'lùban gunna' air an togail sna ballachan. Tha co-dhiù 12 shreath san dà thùr.

Cuideachd tha an caisteal air a dhìon le geata cruaidh, tùir-faire is gadan air na h-uinneagan.

Leigemaid oirnn... gu bheil sinn dìreach air thighinn air muin each. Tha cuid de dhaoine nan geàrdan, a' tighinn a-mach gus sùil a thoirt oirnn is ar n-ainmean fhaighneachd; cuid eile nan sgàlagan a tha a' toirt nan each air falbh. Is dòcha gun tig an Tighearna is a' Bhantighearna a-mach gus fàilte a chur oirnn.

Gabh tron doras a-steach don lios. Seas ris an tobar.



Robh fhios agad...

Tha fhios gun robh an duine a rinn an obair air Tolquhon pròiseil às - chuir e ainm ris! Aig fìor bhàrr tùr na staidhre, fo 'cheuman nam feannagan', chì thu na litrichean TL, Tòmas Leiper, an t-sàr-chlachair.



Raon a deas à Tùr Preston

Suidheachadh 2: An Lios a-Staigh

Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.

- Tha sinn nar seasamh ann an lios a' chaisteil. O chionn ceithir ceud bliadhna air ais b' e seo àite glè thrang. Bhiodh sgalagan a' giùlain rudan don chidsin is uaithe, daoine a' giùlain uisge, agus is dòcha cearcan is coin a' ruith mun cuairt cuideachd. Bhiodh fàileadh arain is fuaim cruidhean nan each air a' chlach-mhuil.
- Air ar cùlaibh tha an t-seann tùr, far am biodh Tighearna Tolquhon 's a theaghlach a' còmhnaidh. Mu ar coinneimh tha am pàirt ùr den chaisteal, a thog esan is far an d' rinn iad imrich. **Am faic thu an tùr-staidhre cruinn a' dol gu diofar làr?**
- Chleachdadh na seòmraichean eile air taobh deas na liosa agus aran a bhèicearachd agus lionn ri òl a ghrùdadh.
- 'S ann às an tobar a fhuair na daoine sa chaisteal an uisge - gus òl, còcaireachd is nighe. Bhiodh 6 meatair a dhoimhneachd ann.

Spreagadh an Luchd-Teagaisg

Tha tùr na staidhre maisichte gu grinn. Dè maise a chì thu?

Sna seann làithean bhiodh mullach beag air an tobar agus cas-shnìomhaidh àraid gus bucaid uisge a tharraing suas. An dùil carson a bha mullach air?

Freagairtean a tha a dhìth

Obair-shnaighte shnìomanach, taicean snaighte don turaid, ceumannan air a' mhullach.

Chor 's nach sèideadh rudan a-steach don uisge.

Leigeamaid oirnn... gu bheil sinn gu trang ag obair san lios. Tha cuid a' faighinn uisge on tobar, cuid eile a' coimhead an dèidh nan each, fhad 's a tha cuid a' giùlain arain no connadh-teine. Tha Tighearna is Bantighearna Tolquhon san lios cuideachd.

Gabh tron doras cheithir-cheàrnagach air taobh deas an tùir. Tionndaidh air chli is gabh tron tranrsa don t-seòmar dheireannach.



Robh fhios agad...

Bha cuid de theallaichean cidsin cho mòr 's gun robh rùm annta airson neach beag, gille mar bu trice, seasamh san teallach is an fheadil a thionndadh air a' bhior mheatailte. B' esan an turnbrochie.



Teallach is àmhainn sa chidsin



Àrainn-frithealaidh

Suidheachadh 3: An Cidsin

Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.

- B' e seo cidsin a' chaisteil. Chì thu an teallach mòr mòr. Chleachdadh seo airson còcaireachd. Ghoileadh an còcaire biadh am poit mhòr no coire a bha crochte os cionn an teine, air neo ròstadh e feòil air spic mhòr mheatailte ris an canar bior.
- Taobh a-staigh an teallaich chì thu toll-preasa beag eile. B' i seo àmhainn, airson aran is pàidheanan a dhèanamh.
- **Am faic thu an staidhre bheag?** Rachadh seo suas gu seòmraichean prìobhaideach Tighearna Tolquhon - gun fhios nach tigeadh an t-acras air.

<i>Spreagadh an Luchd-Teagaisg</i>	<i>Freagairtean a tha a dhìth</i>
Bidh daonnan sinc is uisge sa chidsin an-diugh. Cò às a fhuair na còcairean an seo an uisge?	On tobar san lios. Chuir iad air falbh e tron fhanan-sgudail (air a' bhalla a-muigh air taobh deas an teallaich).
Dè rinn iad leis an uisge shalach?	
Gabh a-mach às a' chidsin is thoir sùil air an àrainn air dheas, seòmar beag cruinn. An dùil ciamar a chleachdadh na sgeilpichean ann an seo?	Àrainn-frithealaidh - nuair a bha am biadh deiseil, chuireadh an còcaire na soithichean tron shaidse-frithealaidh an seo. Nuair sin rachadh an toirt suas chun an t-seòmar-bìdh.
Mu choinneamh na h-àrainn-frithealaidh tha seòmar-stòrais an t-seileir. An dùil dè seòrsa biadh a chum iad an seo? An dùil carson a bha dubhag sa mhullach?	Pòcanan de fhùr, feòil thiormaichte, croganan de mheasan glèidhte. Dubhag sa mhullach gus biadh a chrochadh.

Leigemaid oirnn... gu bheil sinn a' còcaireachd bìdh sa chidsin do na Foirbeisich shuas an staidhre. Tha cuid a' sgoltadh, cuid a' dèanamh bìdh os cionn an teine, cuid a' giùlain uisge a-steach. Tha cuid a' feitheamh ri biadh a ghiùlain suas an staidhre on àrainn-fhrithealaidh fhad 's a tha cuid eile a' toirt seachad biadh on t-seòmar-stòrais.

Gabh an t-slighe gu lèir san trannta. Tionndaidh air dheas aig an deireadh is gabh suas staidhre mhòr. Tionndaidh air dheas aig a' bhàrr is a-steach don ghalaraidh air nach eil mullach.

Faodaidh ùrlar a' ghalaraidh a bhith glè shleamhainn ri linn sìde fhliuch - bi faiceallach!



Robh fhios agad...

Ann an cuid de chaistealan mòra mòrail dh'fhaodadh uiread ri 150 sgalagan a bhith ag obair don tighearna aca.



Sealladh san aghaidh on tùr



Cèis-leabhraichean sa ghalaraidh



Rian mullaich sa ghalaraidh

Suidheachadh 4: An Galaraidh

Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. *Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.*

- B' e an t-seòmar mòr seo galaraidh nam Foirbeiseach. Nam biodh sìde fhliuch ann, 's ann an seo a bhiodh iad ri eacarsaich, agus is dòcha geamaichean cuideachd.
- An dèidh seo, rachadh dealbhan den teaghlach a chrochadh an seo.

Spreagadh an Luchd-Teagaisg

Bha ùidh mhòr aig Tighearna Tolquhon ann an leabhraichean 's bha leabharlann mòr aige. Am faic thu far an cumadh e iad san t-seòmar-sa?

Seall suas. Am faic thu rian far am biodh am mullach?

An dùil dè thachair don mhullach?

Freagairtean a tha a dhìth

Ann an cùlaist chruinn air a' bhalla a-muigh.

Rian glè shoilleir ris a' bhalla.

Ghrod sailean a' mhullaich, thuit am mullach am broinn a chèile. Sa cheann thall, sgioblaicheadh air falbh e.

Leigearmaid oirnn... gu bheil latha fliuch ann. Sa chaisteal, tha cuid a' coimhead air na dealbhan, cuid eile a' spaidsearachd suas is sìos sa ghalaraidh a' cabadaich, cuid eile a' coimhead tro na leabhraichean. Bheil an Tighearna an seo? Dè tha na sgalagan ris?

Gabh a dh'ionnsaigh aghaidh a' chaisteil. Gabh tron chiad doras air chli is suas staidhre gheàrr shnìomhanach. Bi thu air mullach an tùir mhòir san oisean.

- Gheibh thu deagh shealladh den chaisteal 's mun cuairt on tùr seo. Bhiodh seo na àite-faire math. **Am faic thu na tùir ris a' gheata agus obair-shnàighte de dhaoine?**

Leigearmaid oirnn... gur sinne luchd-faire air mullach a' chaisteil. Dè chì sinn? Bheil duine sam bith a' tighinn? Bheil coltas càirdeil orra? Ciamar a dh'fhairicheas e shuas an seo?

Gabh air ais tron ghalaraidh, seachad bàrr na staidhre air an tàinig thu is dìreach air aghaidh a-steach don talla.



Galaraidh



Robh fhios agad...

Aig an àm seo cha chleachdadh daoine forc gus am biadh ithe. Ghearradh iad am biadh le sgeinnean 's an sin dh'itheadh iad e len corragan.



An talla



Ùrlar san talla



Sailean san talla

Suidheachadh 5: An Talla

Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.

- B' e seo an talla uair. 'S ann ann a bhiodh dìnnearan mòrail aig Tighearna Tolquhon. Is dòcha gum biodh e ri rèiteach dhuilgheadasan no coinneamhan gnìomhachais ann cuideachd.
- Nam biodh fèist air chois, shuidheadh na Foirbeisich na bu dlùithe ris an teine. Shuidheadh an Tighearna air cathair cheart, 's a h-uile duine eile air beingidhean fiodha. Dh'itheadh daoine à soithichean fiodha. 'S dòcha gum feitheadh coin ri criomagan is bhiodh sgalagan a' tighinn suas on chidsin. Ma dh'fhaoidhte gum biodh luchd-ciùil ann cuideachd.
- Air an ùrlar bhiodh luachair no connlach - gun ruga no brat.
- Is clach lom na ballachan a-nis. Sna seann làithean bhiodh iad còmhdhaichte le plàstair, cleas taighean an-diugh. 'S dòcha gun robh na ballachan maisichte le pàtranan, no is dòcha gum biodh obair-ghrèis crochte ann gu blàths.
- Seall a-mach air an dàrna uinneig a-steach don lios is coimhead gu h-àrd gu deas, ri bàrr tùr na staidhre. 'S dòcha gum faic thu na litrichean TL - Tòmas Leiper, an t-sàr-chlachair.

Spreagadh an Luchd-Teagaisg

Freagairtean a tha a dhìth

Bhiodh na h-uinneagan na bu lugha ach dhèanadh na bu mhotha iad sna 1600an. An dùil carson a rinn iad seo?

Gus an t-seòmar a dhèanamh nas soilleire.

Am faic thu far am biodh na gadan a bha tarsainn na h-uinneige?

Chìthear tuill airson gadan nan uinneagan.

Seall air an ùrlar. Am faic thu pàtranan sam bith?

Pàtranan sia-cheàrnach agus ceàrnach.

Tha an dà mhullach air falbh a-nis. Am faic thu far am biodh am mullach a-staigh?

Tuill sa bhalla far am biodh sailean a' mhullaich. Fuigheall sail fiodha no dhà, stòite a-mach às a' bhalla.

San teallach tha preas beag ann an aon bhalla. An dùil ciamar a rachadh seo a chur gu feum?

Gus salann a chumail. Bha salann glè dhaor sna làithean sin 's chleachdadh e chor is gum maireadh biadh na b' fhaide.

Air taobh deas an teallaich tha staidhre bheag a' dol sìos. An dùil càite an tèid i seo?

Staidhre a' dol sìos don làr iseal.

Carson a tha i an seo?

Air a cleachdadh le sgalagan gus biadh a thoirt seachad.


Leigeamid oirnn... gu bheil fèist air chois. Tha cuid a' toirt seachad biadh no deoch, cuid eile is iad na Foirbeisich is an aoi ghean, cuid a tha nan luchd-fèisteis. 'S dòcha gu bheil coin ann fiù.

Gabh tron doras a-steach don ath sheòmar.



Robh fhios agad...

Bhiodh mullach fiodh air an leabaidh cheithir-stobach chor 's nach tuiteadh ialtagan, mialan is daolagan ort 's tu nad chadal!



Clach am mullach a' chaibeil



Sglèatan mullaich



'Ceumannan nam feannagan'

Suidheachadh 6: An t-Seòmar

Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.

- B' e seo seòmar-còmhnaidh prìobhaideach don Tighearna 's a theaghlach.
- Chaidleadh an Tighearna is dòcha san t-seòmar a bha os cionn an fhir-sa. 'S e dìreach na Foirbeisich a chaidleadh ann an leapannan. 'S dòcha gum biodh na sgalagan air ùrlar an talla air neo sa chidsin, as bith dè bu bhlàithe. Nam biodh iad nan sgalagan cudromach is dòcha gum biodh bobhstair connlaich aca.
- San oisean a-muigh tha seòmar beag bìodach. Is dòcha gum b' e seo caibeal prìobhaideach san dèanadh an Tighearna ùrnaigh. Ma sheallas tu suas, chì thu clach mhaisichte ghrinn.

Spreagadh an Luchd-Teagaisg

An lorg thu an t-seòmar beag san robh taigh beag an Tighearna?
Ged nach gabhadh a sgoiladh, is dòcha gum biodh bucaid uisge ann airson nighe.

Freagairtean a tha a dhìth

Anns an oisean.

Gabh air ais san talla is san staidhre chumhaing a sheallas ris an lios.

Spreagadh an Luchd-Teagaisg

Aig bonn na staidhre tha teallach beag bìodach. An dùil carson a chuir iad teallach an seo?

Freagairtean a tha a dhìth

B' e seo seòrsa de shiostam teasraidh meadhanach. Nan cuirte teine air, chumadh an teas an staidhre agus na seòmraichean os a cionn blàth.

Gabh suas an staidhre. Thig a-mach air for-uinneig fiodha os cionn an talla.

- Thuit mullach a' chaisteil. **Am faic thu na tha air fhàgail de na sglèatan a bhiodh air a' mhullach?**
- Tha ceumannan beaga air mullach an tùir. Canar 'ceumannan nam feannagan' riutha an-diugh. Thogadh iad gus obair-chàraidh mullaich a dhèanamh nas fhasa.

Gabh sìos an staidhre, air ais tron talla is sìos staidhre don lios. Tionndaidh air dheas san oisean is streap beagan cheumannan fiodha.



Robh fhios agad...

Thàinig ainm teaghlach rìoghail na h-Alba, Stiùbhart, on stiùbhard a bu chudromaiche riamh - Tighearna Àrd-Stiùbhard na h-Alba. B' e dleastanas an stiùbhaird-sa coimhead an dèidh an luchd-rìoghail. Bha an obair seo aig an aon teaghlach fad 200 bliadhna beagnach. Sa cheann thall b' e an 7mh stiùbhard Rìgh na h-Alba, Rìgh Raibeart II.



Slighe-steach gu sloc a' phrìosain

Suidheachadh 7:Seòmar an Stiùbhaird is Sloc a' Phrìosain

Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.

- Sna seann làithean bha tòrr sgalagan ag obair sa chaisteal. B' i obair mhòr a bhith a' coimhead an dèidh a h-uile gin dhiubh. B' e an stiùbhard a bha os cionn nan sgalagan. Nam biodh an Tighearna air falbh, 's e an stiùbhard a bhiodh mar cheannaire, cuide ris a' Bhantighearna. 'S dòcha gum b' e seo an t-seòmar aigesan agus far am biodh e ag obair.
- B' e aon de na dleastanasan aig Tighearna Tolquhon a bhith mar cheann air lagh is òrdugh a choimhearsnachd. Nan cuirteadh eucoir às leth cuideigin, chumadh iad ann am prìosan a' chaisteil gus an tigeadh àm na deuchainne. Chì thu slighe-steach sloc a' phrìosain an seo. **Am faic thu cho fada ris a' bhonn?**

Spreagadh an Luchd-Teagaisg

An dùil ciamar a dh'fhairicheadh e shìos sa phrìosan?

Freagairtean a tha a dhìth

Fuar, tais, dorch, le droch fhàileadh.

Chan eil uinneagan ann, 's mar sin dh'fhaodadh tu dol cràicte nan cumadh ann ro fhada thu.

Gabh sìos an staidhre a-rithist. Fon ùrlar fhiodha chì thu fuigheall dà àmhainn bhèicearachd.

- Dh'itheadh muinntir a' chaisteil tòrr arain. Bha dà àmhainn an seo gus gu leòr a dhèanamh don a h-uile duine. Tha fhios gun robh fàileadh an arain na chùis uabhais do na prìosanaich, ach is dòcha nach robh na ceallan aca cho fuar 's a shaoileamaid.

Coisich tron lios is a-mach tron gheata a-rithist. Tionndaidh air dheas is coisich mun cuairt taobh a-muigh a' chaisteil. Chì thu gun deach a thogail air cnoc beag. Cum ort gus am bi thu ann an caol-raon de chraobhan iubhair aosta.



Am balla siar is a' Phàirc-athais



A' Phàirc-athais o shuas



Taigh-sheillean



Taigh-chalman agus sealladh den chaisteal

Suidheachadh 8:A' Phàirc-athais is Na Gàrraidhean

Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.

- Ri linn sìde bhrèag chòrdadh e ris na Foirbeisich a bhith a-muigh sna gàrraidhean seo. Chuir Sir Uilleam na craobhan seo, a mhaireas fhathast, airson a chloinne is clann a chloinne. Thug e '*pleasance*', no pàirc-athais, air seo.
- Tha na tuill sa bhalla ann gu taighean-seillean, no 'sgeapaichean' mar a theirte riutha uair. Am faic thu an t-seòrsa a bhuineas ris an latha an-diugh? Na biodh dragh ort, chan eil seillean sam bith ann.

Spreagadh an Luchd-Teagaisg

An dùil carson a bha uidhir a sheillein aig na Foirbeisich?

Freagairtean a tha a dhìth

Mil - gus rudan a dhèanamh milis mun robh siùcar ri fhaotainn gu farsaing.

Cèir-sheillein - gus coinnlean a dhèanamh agus litrichean a sheuladh.

Leigeamaid oirnn... gur latha grianach e 's gu bheil na Foirbeisich 's an aoighean a-muigh sa phàirc-athais. Tha cuid a' spaidsearachd len càirdean, cuid eile ri boghadaireachd, agus cuid a' cumail sùil air na taighean-seillean. Tha cuid a' marcachd each fhad 's a tha càch ri seabhagaireachd. Tha an sgalagan ann gus an cuideachadh.

Gabh tron bheàrn sa bhalla don lios a-muigh.

- 'S dòcha gum b' e am pàirt seo gàrradh foirmeil. Bhiodh ditheanan is lusan airson còcaireachd is airson leigheas ann. Faisg air a' chaisteal bhiodh gàrradh glasraich agus gort-ubhal le craobhan-measa.
- 'S ann san àite seo a chumadh na h-eich gus coimhead às an dèidh. 'S e an taigh beag bìodach, timcheall an oisean bhon bhùth, an t-seann stàball. 'S dòcha gun robh ceàrdlannan an seo cuideachd.
- San oisean ri taobh a' bhùtha chì thu tobht an taigh-chalman. Seo far an cumadh na Foirbeisich calmain, neo 'doos'.

Spreagadh an Luchd-Teagaisg

An dùil carson a chum na Foirbeisich eich?
Seall a-steach san taigh-chalman. Am faic thu far am biodh na calmain nan laighe?
An dùil carson a chum iad calmain?

Freagairtean a tha a dhìth

Gu còmhhdail - an aon dòigh a bha ann.
Tuill beaga ceàrnagach, 'tuill-chalman'.
Dh'itheadh iad na calmain agus na h-uighean aca.

Tha an turas den chaisteal a mhol sinn crìochnaichte nis. Ma tha tìde agad, is dòcha gum bu mhath leat na leanas a rannsachadh:

- Tùr Preston (an '*Auld Tour*').
- An Taigh-Grùdaidh.
- Seòmraichean nan Geàrdan san lios.



Tighearna Tolquhon air tuama



Bantighearna Tolquhon air tuama



Suaicheantas nam Foirbeiseach air tuama

Suidheachadh: Tuama nam Foirbeiseach: Eaglais Tharbhais

Àite eile is math is d' fhiach a thadhail is e an cladh sa bhaile faisg air làimh, Tharbhais. An seo chì thu tuama an Tighearna is a bhean Ealasaid, far a bheil ìomhaighean snaighte dhiubh. Faic an ath dhuilleag airson fiosrachaidh is puingean-deasbaid.

Lean na soidhnichean ri taobh na h-eaglais gus an ruig thu an tuama. Tha e furasta a lorg ri linn 's gu bheil e fo dhìon mullach gloine phlastaig.

Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.

- Seo far an tigeadh na Foirbeisich don eaglais. 'S e eaglais eile a bha ann, geta, oir thogadh an tè seo fada an dèidh sin gus a dhol an àite na h-eaglaise aosta. Bha an galaraidh prìobhaideach fhèin aig an Tighearna is a theaghlach anns an eaglais, le staidhre agus àite-adhlacaidh dhaibh fhèin.
- Mun do chaochail e, dhealbh Tighearna Tolquhon tuama àraid dha fhèin 's dha bhean, Ealasaid. B' ann an seo a chuireadh iad nuair a chaochail iad.

Spreagadh an Luchd-Teagaisg

An lorg thu na h-ìomhaighean beaga snaighte den Tighearna 's den Bantighearna?

Aig bàrr an tuama chì thu dà sgiath, tè air gach taobh. Càite am faca sinn an tè air chli roimhe?

Air an tè air chli, sir na litrichean WF. An dùil dè tha seo a' riochdachadh?

Air an sgiath air dheas, lorg na litrichean EG. Cò seo?

Tha tòrr dhiofar ainmhidhean air an tuama. Cia mhead a chì thu?

An dùil carson a bha tuama cho mòrail a dhìth air Tighearna Tolquhon?

Freagairtean a tha a dhìth

Tighearna Tolquhon air chli, Bantighearna Tolquhon air dheas.

Air geata a' chaisteil – suaicheantas nam Foirbeiseach.

WF - (W)uilleam Foirbeis.

EG - Ealasaid Ghòrdan, Bantighearna Tolquhon.

Ochd co-dhiù - gun luaidh air an fheadhainn air na sgiathan.

Chor is nach rachadh a chur air dhìochuimhne is dòcha.



CnCa

C Dè an àireamh is lugha de dh'inbhich a tha dhìth airson stiùiridh?

F 1 inbheach do 10 sgoilear.

C An gabh turas treòraichte a chur air dòigh?

F Seans gun gabh. Faighnich mu dheidhinn 's tu a' cur turas air dòigh.

C A bheil e so-ruigsinneach do chiorramaich?

F Gheibhear a-steach don lios is do na làir ìseal le cathair-chuibhle, ach sin uireas gu ìre.

C A bheil goireasan bìdh ann?

F Tha. Faodar ithe a-muigh no fear de sheòmraichean a' chaisteil (m.e. an taigh-grùdaidh no an cidsin) a chleachdadh ri linn droch shìde.

C Càite bheil an taigh beag?

F Tha taigh beag sa bhùth.

C An dèan sibh measadh-cunnairt air sgàth nan sgoiltean?

F Tha seo fo chùram an neach-teagaisg a tha mar cheann air a' bhuidheann. Gheibhear fios ann am bileagan-fiosrachaidh cunnairt a tha ri fhaotainn air làrach-lìn Alba Aosmhor a chuidicheas tidsearan am measadh fhèin a dhèanamh.

C Bheil bùth ann?

F Tha bùth ann a reiceas cairtean-puist, leabhair-treòir is cuimhneachain.

A' Tadhail Caisteal Tolquhon

Tadhail ro-làimh: Molamaid gu mòr gun tadhail tidsearan saor 's an asgaidh air a' chaisteal gus a bhith eòlach air an làraich agus air na cunnartan mun tig buidheann.

Ga chur air dòigh: Cuir fòn gu **01651 851286** gus turas a chur air dòigh, na feuman agad a chur an cèill agus uairean-fosglaidh fhaighinn on stiùbhard.

Cosgais: Tha e saor 's an asgaidh do bhuidhnean foghlaim is sgoile. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu cò gheibh ann gun chosgais air làrach-lìn Ionad Foghlam Alba Aosmhor (faic shìos).

Àite: còig mìle deug a tuath air Obar Dheathain air an A920; 4 mìle an ear air Mealdruim; 1.5 mìle a deas air Tarbhais. Ruigear an caisteal air rathad beag far rathad B999 às Obar Dheathain gu Tarbhais.

Parcadh: Tha ionad-parcaidh a tha freagarrach do bhusaichean dìreach pìos beag a-muigh air a' chaisteal.

Slàinte 's Sàbhailteachd: Cum aire air na leanas:

- Bu chòir sgoilearan a bhith fo stiùir fad na h-ùine, gu h-àraid air na staidhrichean fiodha is sniomhanach, a tha buailteach a bhith sleamhainn ri linn aimsir fhliuch.
- Na streapadh sgoilearan air na ballachan.
- Agus sinn dìleas don Turasachd Uaine, iarramaid gun tugar sgudal sam bith air ais don sgoil.

Ionad-Foghlam Alba Aosmhor: Airson barrachd fiosrachaidh air turasan, gnìomhan is goireasan don luchd-teagaisg, tadhail:

www.historic-scotland.gov.uk/

Goireasan eile

Don luchd-teagaisg:

Chris Tabraham *Tolquhon Castle* Alba Aosmhor 1993. An leabhar-treòir oifigeil, a' toirt tuilleadh fiosrachaidh mu ailtireachd is eachdraidh na làraich.

Foghlam Alba Aosmhor *Investigating Medieval Castles in Scotland*, Alba Aosmhor 2005. Sàr-leabhran ga chur ri chèile don luchd-teagaisg le tòrr cùl-fhiosrachaidh mu bheatha caisteil is molaidhean gu gnìomhan sgoile. Faic an làrach-lìn airson fiosrachaidh.

Chris Tabraham *Scottish Castles and Fortifications* Alba Aosmhor 2000.

Richard Dargie *Scottish Castles and Fortifications* Foillseachadh GW 2004.

Gu sgoilearan:

Deary, *Horrible Histories: Bloody Scotland* Scholastic 1998.

Dualchas Shasainn *What were Castles For?* Usborne Starting Points in History ISBN: 0746052561.

www.nationalgeographic.com/castles/enter.html Rannsaich caisteal mas fhior.

<http://home.freeuk.net/elloughton13/castle1.htm> Stòras math dhealbhan de bheatha caisteil a ghabhas luchdachadh a-nuas.

http://kotn.ntu.ac.uk/castle/castl_fm.html Gnìomhan air-loidhne stèidhichte air Caisteal Nottingham.

www.bbc.co.uk/scotland/education/as/burghlife/ Rannsaich beatha baile an Alba san 16mh linn.

Aitheantas

Dealbhan: Dealbhan uile © a' Chrùin, còraichean aig Alba Aosmhor

Teacsa: Elspeth Mackay

Deasaiche an t-Sreath: Sue Mitchell

Deargadh: N&Einteractive

Leagan a-mach is clò-bhualadh: The House Le taing mhòr a thaobh oidhirpean

pearsanta fa leth gu Chris Tabraham agus Seirbheisean Tadhail Caisteal Tolquhon.